

O a mhullaich Gholgotha,
 Ciod a mod tha mu d' chuart !
 Co an t-Aon ud a chi mi,
 'S aghaidh shitheil gun snuagh !
 Fuidh chrann-ceusaidh ga 'd dhireadh !
 Bruite, sgith a dol suas !
 Cha leig sileadh mo shul dhomh
 Sculltuinn dluth air 'san uairs' !

Na'm bu leir dha luchd-ceusaidh,
 Gur Efein a bha ann ;
 Gur e bh' aca Messiah
 Crocht' air spicibh ri crann !
 Cha bhiodh luths anns na lamhaibh,
 Bhuail na tairngean cho teann !
 Teanga bhorb a luchd toibheum,
 Bhiodh gu tostach nan ceann.

Cia mar nochdadadh iad baigh dha,
 'S inntinn Chain nan ere ?
 Spiorad eudmhor a mhortair,
 Gan cur thuige gu theum !
 Ged a chuir iad 'ga lotadh,
 Doimhne 'n drochmhein an ceilidh ;
 Ann an gearun air dochann,
 Riu cha d'fhosgail e bheul !

Sheas an Gaisgeach na aonar,
 Anns a chaonnaig bha cruaidh !
 Dhoirt an fhearg air gu fraochail,
 Fhad 's bhal braon anns a chuaich !!
 Chorp is anam le cheile
 Thug e 'n eirig a shluaign !
 Co a thuigeas a dheuchainn ?
 Ghleachd, a threine 'sa bhuaidh ?